N5

Teisteanais
Nàiseanta
2019

X875/75/11 **Nuadh-eòlas**

DICIADAIN, 1 CÈITEAN
1:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleagan 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh anns an Rìoghachd Aonaichte	*duilleagan 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Cion cho-ionannas shòisealta	*duilleag 06–07*
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	*duilleag 08–09*
Ceist 14		*duilleagan 10–12*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 13*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 14*
Ceist 21		*duilleagan 15–17*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA ©

X875751 1

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.

Ceist 1

Tha dleastanas air Pàrlamaid na h-Alba airson chùisean a tha tiomnaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chùis thiomnaichte a tha mar dhleastanas air Pàrlamaid na h-Alba. **4**

Ceist 2

Tha còraichean aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chòir a tha aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh. **6**

Ceist 3

Tha pàrtaidhean poilitigeach a' cleachdadh nam meadhanan sna h-iomairtean taghaidh ann an Alba.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar a tha pàrtaidhean poilitigeach a' cleachdadh nam meadhanan sna h-iomairtean taghaidh ann an Alba. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE

Anns na freagairtean agad do Cheistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 4

Tha dleastanas air Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte airson chùisean a tha glèidhte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chùis ghlèidhte a tha mar dhleastanas air Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 5

Tha còraichean aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chòir a tha aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh. **6**

Ceist 6

Tha pàrtaidhean poilitigeach a' cleachdadh nam meadhanan sna h-iomairtean taghaidh anns an Rìoghachd Aonaichte.

Mìnich, gu **mionaideach**, **dà** adhbhar a tha pàrtaidhean poilitigeach a' cleachdadh nam meadhanan sna h-iomairtean taghaidh anns an Rìoghachd Aonaichte. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Fòcas air aonaidhean-ciùird san Rìoghachd Aonaichte

Is e buidheann a th' ann an aonadh-ciùird a tha a' riochdachadh ùidhean luchd-obrach no luchd-cosnaidh. Bidh aonaidhean-ciùird a' lorg fhuasglaidhean airson luchd-obrach a chuideachadh le bhith ag obair còmhla mar bhuidheann. Bha ballrachd sna h-aonaidhean-ciùird aig aon àm cho àrd ri 13·2 millean aig deireadh nan 1970an. Ach, aig an àm seo tha dìreach 25% den luchd-obrach uile san Rìoghachd Aonaichte ann an aonadh-ciùird. Tha seo coltach ri reat cuibheasach ballrachd an EU de 23%. Ann an Alba, tha ballrachd aonaidh-ciùird faisg air 30%.

Tha aonaidhean-ciùird a' riochdachadh luchd-obrach san dà chuid an roinn phrìobhaideach agus an roinn phoblach de chosnadh, ged a tha luchd-obrach san roinn phoblaich nas coltaiche a bhith nam ball de dh'aonadh-ciùird. Is e Unison an t-ainm a th' air an aonadh-ciùird as motha san roinn phoblaich agus gu làithreach tha còrr air 1·3 millean ball ann, le 80% dhiubh boireann. Tha luchd-obrach a tha còrr air 50 bliadhna a dh'aois agus boireannaich, mòran nas coltaiche a bhith nam ball de dh'aonadh-ciùird na luchd-obrach nas òige no fireannaich. Ann an 2018, bha 40% de bhuill aonaidhean-ciùird thairis air 50 bliadhna a dh'aois.

Tha luchd-cosnaidh proifeiseanta le teisteanasan ceum cuideachd nas coltaiche a bhith nam buill de dh'aonadh-ciùird na an luchd-obrach sin a tha air am fastadh ann an obair neo-sgileil gun theisteanasan no le beagan theisteanasan.

Bidh mòran luchd-obrach a' gabhail ballrachd ann an aonadh-ciùird a chionn 's gu bheil iad ag iarraidh dìon laghail an aonaidh-ciùird agus na mòran bhuannachdan a tha an lùib a bhith nam ball de bhuidheann mòr eagraichte.

Thathar a' gabhail ris san fharsaingeachd gu bheil aonaidhean-ciùird math airson deamocrasaidh ged nach eil cuid de luchd-fastaidh a' toirt aithne dhaibh nuair a tha iad a' barganachadh airson pàigheadh agus cùmhnantan seirbheis.

STÒR 2





Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 3

Co-chuid den luchd-obrach ann an aonadh-ciùird ann an dùthchannan taghte (%)			
Cìopras	55%	An Eadailt	35%
Eastòinia	10%	Liotuàinia	8%
Fionnlainn	74%	An Òlaind	20%
An Fhraing	8%	A' Phòlainn	12%
A' Ghearmailt	18%	An t-Suain	70%

Ballrachd aonaidh-ciùird mar cho-chuid den luchd-obrach



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na **co-dhùnaidhean** a dh'fhaodar a ruighinn mu na h-aonaidhean-ciùird san Rìoghachd Aonaichte?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu dheidhinn gach aon de na leanas

- na gluasadan ann am ballrachd aonaidh-ciùird san Rìoghachd Aonaichte
- reat ballrachd aonaidh-ciùird san RA ann an coimeas ri dùthchannan Eòrpach
- coimeasgachadh de ghnè ann am ballrachd aonaidh-ciùird san RA
- an diofar ann am ballrachd aonaidh-ciùird eadar Alba agus Sasainn.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

A-NIS THEIRIG GU ROINN 2 AIR *duilleag 06*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharra

COMHARRAN

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Cion cho-ionannas sòisealta	*duilleagan 06–07*
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	*duilleagan 08–09*
Ceist 14		*duilleagan 10–12*

PÀIRT C — CION CHO-IONANNAS SÒISEALTA

Anns na freagairtean agad do Cheistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 8

Tha grunn bhuilean aig cion cho-ionannas air coimhearsnachdan.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil a dh'fhaodas a bhith aig cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach air coimhearsnachdan. **4**

Ceist 9

Tha cion cho-ionannas na dhuilgheadas ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh a tha a' dearbhadh gu bheil cion cho-ionannas na dhuilgheadas ann an Alba agus/no san Rìoghachd Aonaichte. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 10(a) **NO** 10(b) **air** *duilleag 07*

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 10(a) **NO** 10(b) **air**

Ceist 10

(a)

Tha dleastanas air an roinn phrìobhaidich a thaobh dèiligeadh ri cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha an roinn phrìobhaideach air a bhith soirbheachail ann an dèiligeadh ri cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach.

Bu chòir dhut **trì** adhbharan **aig a' char as àirde** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

(b)

Is e leth-bhreith aon adhbhar airson cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a dh'fhaodas leth-bhreith a bhith na adhbhar airson cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach do bhuidheann a tha thu air a sgrùdadh.

Bu chòir dhut **trì** adhbharan **aig a' char as àirde** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag* 10]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Anns na freagairtean agad do Cheistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 11

Faodaidh factaran bith-eòlach a bhith nan adhbhar airson eucoir.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** fhactar bhith-eòlach a dh'fhaodas a bhith nan adhbhar airson eucoir. **4**

Ceist 12

Tha eucoir na dhuilgheadas ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air, **dà** dhòigh a tha a' dearbhadh gu bheil eucoir na dhuilgheadas ann an Alba agus/no san Rìoghachd Aonaichte. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 13(a) **NO** 13(b) **air** *duilleag 09*

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 13(a) **NO** 13(b) **air**

Ceist 13

(a)

Tha na cùirtean eucoir ann an Alba èifeachdach ann an dèiligeadh ri eucoir.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha na cùirtean eucoir ann an Alba èifeachdach ann an dèiligeadh ri eucoir.

Bu chòir dhut **trì** adhbharan **aig a' char as àirde** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

(b)

Tha freagairtean an riaghaltais neo-èifeachdach airson dèiligeadh ri eucoir.

Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha freagairtean an riaghaltais airson dèiligeadh ri eucoir air a bhith neo-èifeachdach.

Bu chòir dhut **trì** adhbharan **aig a' char as àirde** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Earrann à artaigil pàipear-naidheachd

An gabh barrachd a dhèanamh airson ath-eucoir a lùghdachadh?

Prìosanaich air an saoradh ann an Alba ann an 2017 — 678. Tha an reat ath-eucoir gu làithreach aig 28%.

A bheil prìosanaich a' faighinn an taic agus na cothroman ceudna nuair a gheibh iad a-mach às a' phrìosan?

Tha prìosanaich ann an Alba so-leònte dha-rìribh an dèidh an saoradh às a' phrìosan. Glè thric 's e fortan a tha a' dearbhadh an urrainn dhaibh no nach urrainn dhaibh an dòigh beatha aca atharrachadh. Tha cuid de phrìosanaich nuair a thèid an saoradh, nach eil a' faighinn ach beagan taic agus a tha a' strì ri duilgheadasan, leithid cion àite-fuirich agus cion sgilean is stòrais airson tòiseachadh a-rithist. Tha cuid de phrìosanaich don tugadh teantaichean airson an cleachdadh mar àite-fuirich nuair a dh'fhàg iad am prìosan. Faodaidh seo leantainn gu ath-eucoir (dèanamh tuilleadh eucoir) airson cumail beò.

Tha carthannasan ann airson taic a thabhann do phrìosanaich a tha air an saoradh às a' phrìosan, ach tha iadsan a' cur earbsa sna prìosanaich a thighinn thuca dìreach. Faodaidh seo a bhith duilich oir chan eil cothrom aig mòran phrìosanaich air fònaichean làimhe no air an eadar-lìon nuair a gheibh iad a-mach às a' phrìosan.

Ma chleachdar iad, tha reat soirbheachaidh sàr-mhath aig carthannasan air ath-eucoir a lùghdachadh agus a tha a' tabhann taic do phrìosanaich a tha air an saoradh. Is urrainn dhaibh comhairle agus taic a thoirt seachad a thaobh cothroman air sochairean stàite agus cuideachd taic a thoirt do phrìosanaich air an saoradh a dhol air ais gu foghlam agus trèanadh, a' toirt dhaibh cothrom nas fheàrr air fuireach air an t-slighe cheart.

Ach, 's e a' chùis leis na seirbheisean taic sin a bhios carthannasan agus an roinn saor-thoileach a' toirt seachad, gu bheil iad ag earbsa ri maoineachadh bhon phoball.

Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 2

File Edit View Favorites Tools Help

YANGLE

sacro **Na seòrsaichean taic a tha rim faotainn**

Comhairle | Ar Seirbheisean | Ar Buidheann | Ar Smaoineachadh | Sgrùd

Na seòrsaichean taic a tha rim faotainn

Bidh prìosanaich air an saoradh agus prìomh-obraiche ag obair ri plana gnìomha comharraichte agus aontaichte. Tha cothrom aig prìosanaich agus an teaghlaichean am planaichean a thaobh saoradh a dheasbad agus is urrainn do luchd-obrach SARCO taic a thoirt seachad le cùisean leithid àite-fuirich, cleachdadh dhrogaichean/deoch-làidir, slàinte agus sochairean. Tha e air a dhearbhadh gu bheil comhairleachadh aon-ri-aon air daoine a thionndadh air falbh bho eucoir le bhith gan cuideachadh a' dèiligeadh ri duilgheadasan practaigeach no pearsanta, mar chùisean a thaobh càirdeas, ruigsinneachd air taigheadas no cùram-slàinte, no lorg trèanadh no obair. Is urrainn taic do dhaoine gu bhith a' faighinn fuasgladh air na dùbhlain sin, bacadh a chur orra bho ath-eucoir san àm ri teachd. Tha 78% de dh'eucoraich a gheibh an seòrsa taic seo soirbheachail ann an cumail a-mach às a' phrìosan. Ann an 2017, fhuair 117 prìosanach air a shaoradh an taic seo.

Maoineachadh SACRO (£ milleanan) 2013-2017



Carthannasan a tha a' tabhann taic

Turn2Us – a' gabhail a-steach àireamhair do phrìosanaich air an saoradh agus foirm-iarrtais gus tagradh airson obraiche/comhairliche taic.

Step Together – solarachadh taic aon-ri-aon a dh'aon ghnothaich gus daoine fa leth a chuideachadh a-steach do ghreisean-gnìomhachais saor-thoileach a tha a' freagairt air am feumalachdan 's an ùidhean, agus gan cuideachadh gu sgilean pearsanta is practaigeach a leasachadh a dh'fheumar airson àm teachdail nas dearbhaiche a thogail. Toirt seachad comhairle agus taic airson faighinn a-steach gu foghlam adhartach.

Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 3

Iomraidhean phrìosanaich air an saoradh

Lauren Hutt

Chaidh Lauren a chur don phrìosan fad trì bliadhna airson droch dhochann an dèidh a bhith an lùib sabaid mar thoradh air tuilleadh 's a chòir deoch-làidir, nuair a bha i 21 bliadhna a dh'aois. Cha d' fhuair i ann an trioblaid sam bith anns a' phrìosan agus chrìochnaich i a binn prìosain uile. Nuair a chaidh a saoradh, bha i a' fuireach còmhla ri a pàrantan an toiseach gus an tug a' chomhairle ionadail dhi flat le aon seòmar-cadail. Chuir Lauren fios gu carthannas airson beagan taic nuair a fhuair i a-mach às a' phrìosan. Is e carthannas a th' ann an Turn2Us a bhios a' cuideachadh phrìosanaich le cùl a chur ri eucoir às dèidh an saoradh. Chuir iad air dòigh gun coinnicheadh Lauren ri neach-comhairle ionadail gus plana gnìomha a chruthachadh dhi airson nan ciad mhìosan an dèidh a saoradh. Rinn seo cinnteach gun robh fios aice cò air a bha i airidh a thaobh airgead agus fhuair i taic nuair a thill i don cholaiste ionadail. Tha Lauren air a bhith soirbheachail a' tilleadh don chomann-shòisealta agus chan eil i air ath-eucoir sam bith a dhèanamh sa chiad còig bliadhna an dèidh a saoradh. Tha seo mar thoradh air i a bhith soirbheachail a' faotainn taic.

Hamish Sinclair

Bha Hamish gu mòr an lùib bhuidhnean gràisg agus dhrogaichean tro na bliadhnaichean a bha e na dheugaire. Bhris an càirdeas a bh' aige le a theaghlach daltachd mar thoradh air an seo agus thàinig e chun na h-ìre gun robh e a' fuireach air an t-sràid. Chaidh binn ceithir bliadhna sa phrìosan a chur air aig aois 17 airson feuchainn ri stèisean peatrail ionadail a chreachadh le sgian. Fhad 's a bha e sa phrìosan, bha Hamish a' strì ri cùisean a thaobh tinneas inntinn agus bha e duilich dha eadar-obrachadh le prìosanaich eile. Nuair a chaidh a shaoradh, chaidh Hamish a chur ann an àite leabaidh is bracaist airson a' chiad dà sheachdain agus chaidh comhairleachadh dha fios a chur gu Step Together, ach cha robh cothrom aige air an eadar-lìon airson seo a dhèanamh. Cha d' fhuair e taic sam bith on uair sin le cùisean a thaobh an tinneis inntinn aige agus tha e air ais ann an conaltradh le cuid den ghràisg a bha san t-seann bhuidhinn san robh e. Tha e air tòiseachadh a' gabhail dhrogaichean a-rithist. Airson an cleachadh sin a bhiadhadh, thòisich e a' goid bho bhùithtean agus chaidh a thoirt an grèim.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir seachad adhbharan **a tha a' cur taic** agus a tha **an aghaidh** beachd Ivy Jackson.

> Tha taic gu leòr ga thoirt seachad airson ath-eucoir a lùghdachadh.
>
> **Beachd Ivy Jackson**

Nad fhreagairt **feumaidh tu**

- fianais a thoirt seachad às na stòran a tha a' cur taic ri beachd Ivy Jackson.

agus

- fianais a thoirt seachad às na stòran a tha an aghaidh beachd Ivy Jackson.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

A-NIS THEIRIG GU ROINN 3 AIR *duilleag 13*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 13*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 14*
Ceist 21		*duilleagan 15–17*

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chumhachd an t-saoghail air an do rinn thu sgrùdadh.

Ceist 15

Faodaidh buaidh armailteach a bhith aig cumhachdan an t-saoghail air dùthchannan eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** dhòigh sam faod cumhachd an t-saoghail air an do rinn thu sgrùdadh, buaidh armailteach a thoirt air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 16

Tha cuid de dhaoine a' fiosrachadh chùisean sòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar gu bheil cuid de dhaoine a' fiosrachadh chùisean sòisealta agus eaconamach.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 17

Tha cuid de bhuidhnean nas coltaiche com-pàirteachadh ann am poilitigs na feadhainn eile.

Mìnich, **gu mìonaideach, dà** adhbhar gu bheil cuid de bhuidhnean nas coltaiche com-pàirteachadh ann am poilitigs na feadhainn eile.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 15*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Anns na freagairtean agad airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid a thoirt seachad bho chùis san t-saoghail air na rinn thu sgrùdadh.

Ceist 18

Tha buaidh aig còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta air daoine a tha nan lùib.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sa bheil buaidh aig còmhstri no cùis eadar-nàiseanta air an do rinn thu sgrùdadh, air daoine a tha na lùib.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 19

Tha buidhnean eadar-nàiseanta air a bhith soirbheachail ann an dèiligeadh ri mòran chòmhstrithean is chùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar gu bheil oidhirpean le buidhnean eadar-nàiseanta air a' chòmhstri no a' chùis air an do rinn thu sgrùdadh, air a bhith soirbheachail.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 20

Tha mòran adhbharan poilitigeach airson còmhstrithean agus cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich, **gu mionaideach, dà** adhbhar phoilitigeach airson còmhstri no cùis eadar-nàiseanta, air an do rinn thu sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè a' chùis no a' chòmhstri san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 15*]

Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha Cobhair Èiginneach Eadar-nàiseanta (IER) an ìmpis Àrd-Cheannard ùr a thaghadh. Tha thu nad bhall den bhuidhinn neo-riaghaltasach seo (NGO) agus bhòtaidh tu airson co-dhùnadh a dhèanamh air cò an ath àrd-cheannard a bhios air IER. Tha dà thagraiche ann, Roghainn 1 no Roghainn 2.

Roghainn 1	**Roghainn 2**
Seumas Peddie	Ealasaid Sharp

STÒR 1

Seumas Peddie

Aois: 48

An ceannard a bha air Roinn Cobhair Cèin na Beilge agus Tosgaire do IER san Roinn Eòrpa.

Is e buidheann deatamach eadar-nàiseanta a th' ann an IER aig a bheil feum air ceannard eòlach agus fiosrachail.

Mar Àrd-Cheannard air IER, bhiodh na prìomhachasan agam a' gabhail a-steach:

Còraichean bhoireannach:

Dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig boireannaich air gach raon de bheatha is obair air feadh an t-saoghail. Dèanamh cinnteach gum bi dùthchannan air feadh an t-saoghail dealasach mun seo agus gun dèanar gnìomh dearbhach mu dheidhinn ro 2025.

Fo-leasachadh ann an Afraga:

Tha dleastanas air IER gun a bhith dìreach a' coileanadh chùisean geàrr-amail taobh a-staigh nan dùthchannan sin, ach a bhith a' dèanamh cinnteach cuideachd à leasachadh fad-amail air na dùthchannan sin.

Amasan eile:

Tha mi a' creidsinn gum feum sinn sealltainn cò às a tha am maoineachadh uile a' tighinn agus mar a tha an t-airgead air a chosg. Tha feum mòr cuideachd air am buidheann ath-ùrachadh gus teicneòlas nua-aimsireil a chleachdadh a cheadaicheas do luchd-obrach spèisealaichte conaltradh le dùthchannan eile, gun fheum air siubhal no ùine dheth.

Ealasaid Sharp

Aois: 39

Àrd-Oifigear air Teck Eadar-nàiseanta agus Tosgaire do IER ann an Àisia.

Cuidichidh an t-eòlas a th' agam ann an gnìomhachas le dèanamh cinnteach gu bheil obrachaidhean IER èifeachdach agus buadhach air feadh an t-saoghail.

Mar Àrd-Ceannard IER, bhiodh na prìomhachasan agam co-cheangailte ri:

Cobhair èiginneach eadar-nàiseanta ann an sònaichean cogaidh:

Le feum air cobhair èiginneach a' meudachadh ann an àiteachan far a bheil buaidh fìor mhòr air a bhith aig cogadh air an t-sluagh ionadail, bu chòir seo a bhith na phrìomhachas aig IER.

Atharrachadh gnàth-shìde:

Feumaidh sinn obrachadh a dh'ionnsaigh saoghal far a bheil na dùthchannan uile a' coimhead ri dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde, agus bu chòir dhuinn a bhith gnìomhach ag iomairt gus dèanamh cinnteach gun stèidhich agus gun coilean riaghaltasan targaidean airson sgaoilidhean taigh-glainne a lùghdachadh.

Amasan eile:

Tha mi a' creidsinn cuideachd gum feum sinn dèanamh cinnteach gu bheil barrachd luchd-obrach gan cur gu sgìrean èiginn agus an t-eòlas aca a chleachdadh gus an suidheachadh a leasachadh sa bhad. Dh'fhastaidheadh IER an luchd-obrach spèisealta sin làn-ùine gus nach biodh e a' cur dragh air obraichean eile aig an aon àm.

Ceist 21 (a' leantainn)

STÒR 2

Dè na prìomhachasan as cudromaiche aig buill IER?



Dè na prìomh uallaichean a th' ann do bhuill IER?



STÒR 3

Na Naidheachdan Làitheil

Carthannasan gan Càineadh

Tha àireamh de NGOan air an ainmeachadh 's air an nàrachadh on nach do dh'innis iad mar a chosg iad airgead a chaidh a thogail, agus tha riaghaltasan ag iarraidh air stiùirichean an cleachdadh sin atharrachadh no bhith air am peanasachadh.

Tha stiùiriche Eòrpach air a ràdh gur e àm dùbhlanach a tha seo do ar com-pàirtichean ann a bhith a' strì an aghaidh bochdainn chruinne.

Naidheachdan.org

Àrd-phrìomhachasan foillsichte airson cobhair cruinneil

Tha an t-suirbhidh chruinneil againn air na prìomh raointean a chomharrachadh, a bu mhath le daoine fhaicinn gan leasachadh. Bu mhath le còrr air 50% de chom-pàirtichean gnìomhadh fhaicinn gus strì an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde, agus bha suas ri 50% a' creidsinn gum bu chòir gnìomhadh air fo-leasachadh ann an Afraga a bhith na phrìomhachas aig riaghaltasan agus NGOan.

An t-Eadar-nàiseantach Didòmhnaich

Seanadair san US ag ainmeachadh gu bheil NGOan caithteach

Rè tadhal o chionn ghoirid air Ameireaga a Deas, chàin Seanadair às an US na NGOan airson a bhith caithteach agus air an ruith ann an dòigh neo-èifeachdach, ag ràdh nam biodh iad air an ruith mar ghnothachasan bhiodh iad na b' èifeachdaiche ann an lìbhrigeadh an gealltanasan. Tha seo aig àm nuair a tha stiùirichean an G7 an ìmpis coinneachadh agus seo a dheasbad an ath mhìos.

An Record Didòmhnaich

An fheum air luchd-obrach spèisealta ann an sònaichean èiginn

Tha mòran sgìrean air feadh na cruinne aig a bheil feum air luchd-obrach spèisealta aig a bheil an t-eòlas air comhairle a thoirt seachad mun dòigh as fheàrr air buaidh thachartasan nàdarra no le mac-an-duine a lùghdachadh, agus sgìrean sgriosta a chuideachadh gu iad fhèin a leasachadh. Tha an seòrsa luchd-obrach sin gann oir glè thric tha e cunnartach agus duilich tìde dheth fhaighinn bhon obair aca fhèin.

Ceist 21 (a' leantainn)

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dara cuid** Seumas Peddie **(Roghainn 1)** no Ealasaid Sharp **(Roghainn 2)**.

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu**?

(ii) Thoir adhbharan seachad a' cur **taic** ris an roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh còir-lethbhreac

Ceist 14 Stòr 2	Image of SACRO web page.
	SQA has made every effort to trace the owners of copyright materials in this question paper, and seek permissions. We will be happy to incorporate any missing acknowledgements. Please contact question.papers@sqa.org.uk.
Ceist 21	stockfour/shutterstock.com kinga/shutterstock.com